

# An Litir Bheag

## le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 123 (which corresponds to Litir 427). Ruairidh can be contacted at [rodny.macleam@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleam@bbc.co.uk).

Tha seanfhacal Gàidhlig ann: *Is math an còcaire an t-acras. Hunger is a Good Cook.* Is math an còcaire an t-acras. Ma tha an t-acras ort, bidh blas math air biadh sam bith. A bheil sibh fhèin ag aontachadh ri sin? An e còcaire math a tha annaibh fhèin? Uill, 's e – nuair a bhios an t-acras gur cuideachadh!

Bha mi a' leughadh leabhar ùr an latha eile. 'S e leabhar bàrdachd a tha ann. Tha seann bhàrdachd ann. Bàrdachd Ghàidhlig a tha a' dol air ais ceudan bhliadhnaichean. 'S e an t-ainm a tha air an leabhar *Duanaire na Sracaire*. 'S iad Wilson MacLeòid agus Meg Bateman na deasaichean. Rinn iad obair fìor mhath.

Am measg nan dàn tha fear ann air a bheil *'S Math an Còcaire an t-Acras*. Nise, tha ceist agam. Dè thàinig an toiseach – an seanfhacal no an dàn? Chan eil mi cinnteach. 'S dòcha an seanfhacal.

Co-dhiù, tha fios againn cò am fear a rinn an dàn. B' esan Alasdair Stiùbhart, Iarla Mhàrr. Agus rinn e e anns a' bhliadhna ceithir cheud deug, trithead 's a h-aon (1431). Ciamar a tha fios againn? Uill, rinn e e às dèidh Blàr Inbhir Lòchaidh anns a' bhliadhna sin. Bha e air an taobh a chaill. Bha e a' teicheadh bhon bhlàr. Cha robh biadh aige airson greis. Bha an t-acras air.

Chan eil ann ach dà rainn san dàn. Seo agaibh a' chiad rann.

*'S math an còcaire an t-acras,  
'S mairg a nì tarcais air biadh,  
Fuarag eòrn' à sàil mo bhròige  
Biadh as fheàrr a fhuair mi riamh.*

Tha an dàrna loidhne a' ciallachadh *woe to him who disdains food*. 'S e *fuarag eòrna* "barley brose" – min eòrna agus uisge fuar. Seo e a-rithist:

*'S math an còcaire an t-acras,  
'S mairg a nì tarcais air biadh,  
Fuarag eòrn' à sàil mo bhròige  
Biadh as fheàrr a fhuair mi riamh.*

Tha barrachd agam ri innse dhut mun dàn ach nì mi sin an ath sheachdain.  
Mar sin leibh.

\* \* \* \* \*

**Faclan is abairtean:** seanfhacal: *proverb*; Is math an còcaire an t-acras: *hunger is a good cook*; a bheil sibh fhèin ag aontachadh ri sin?: *do you yourself agree with that?*; an e còcaire math a tha annaibh fhèin?: *are you a good cook?*; nuair a bhios an t-acras gur cuideachadh: *when hunger is helping you*; bàrdachd a tha a' dol air ais ceudan bhliadhnaichean: *poetry that goes back hundreds of years*; 's iad X agus Y na deasaichean: *X and Y are the editors*; fìor mhath: *excellent*; am measg nan dàn tha fear ann air a bheil: *among the poems is one called*; dè thàinig an toiseach?: *what came first?*; tha fios againn cò am fear a rinn an dàn: *we know who [the man was] that made the poem*; Blàr Inbhir Lòchaidh: *The Battle of Inverlochy (1431 – there was another there in the 17<sup>th</sup> Century)*; bha e air an taobh a chaill: *he was on the side that lost*; bha e a' teicheadh bhon bhlàr: *he was fleeing the battlefield*; chan eil ann ach dà rainn: *there are only two verses*; 's mairg a nì tarcais air biadh: *woe to him who disdains food*; à sàil mo bhròige: *from the heel of my shoe*; biadh as fheàrr a fhuair mi riamh: *the best food I ever got*; tha barrachd agam ri innse dhut: *I have more to tell you*; mar sin leibh: *cheerio*.

ends